

ÙIREAN NAN CROITEAN

AN ROB
FIOS AGAD?

Bidh croitearan gu tric a' cur feamainn, inneir no todhar gàrraidh ris na h-ùirean aca airson gum bi barrachd stuth organaig anna.

Bacteria

'S e rudan fior bheag a tha beò ann an ùir a tha ann am bacteria; chan eil stamagan anna mar a tha ann an ainmhidhean agus mar sin bidh iad a' cràmh a' bhìdh taobh a-muigh nam bodhaigean aca. Anns a' phròiseas seo bidh ceimigean air an toirt bhon àile agus bho stuth organaig agus air an leigeil mu sgaoil san ùir; cleachdaidh na lusan iad seo.



Protozoa

Tha protozoa nam meanbh-fhàs-bheirtean anns a bheil aon chealla - 's iad na h-ainmhidhean as lugha a th' ann. Bidh iad mar as trice anns a' chiad 15-20cm den ùir. Bidh iad ag ithe bacteria agus fhungasan; mar sin tha iad cudromach ann a bhith a' cuairteachadh beathachadh a tha bacteria agus fungasan a' faighinn an toiseach bho stuth organaig ùireach. Tha ròineagan beaga air protozoa air a bheil 'cilia'. Tha na ròineagan seo a' leigeil le protozoa snàmh tro uisge 's iad a' lorg bhacteria a dh'itheas iad.



Boiteagan

Tha còrr is trì mìle gnè bhoiteagan air an t-saoghal. Bidh a' mhòr-chuid a' fas gu slaodach thairis air bliadhna no dhà agus bidh iad beò suas ri 4 bliadhna.



Bidh boiteagan ag ithe stuth organaig anns an ùir no air uachdar na h-ùire. Bidh iad a' dèanamh thuill san ùir, a chuidicheas drèanadh. Bidh iad cuideachd a' measgachadh na h-ùire agus a' gluasad stuth organaig, agus na mèinnearan a thig na chois, on uachdar a-steach domhainn dhan ùir. Nì iad tuill le bhith ag ithe agus bidh na tuill gan dion o atharrachadh teòthachd san ùir - me nuair a bhios reothadh ann. 'S feàrr le boiteagan teòthachd eadar 0-35°C agus pH eadar 5-7.

Tha ùir mhòineach ro shearbhagach do bhoiteagan, ged a tha mòran stuth organaig innse ri ithe. Bidh ùirean gainmhche, me air a' mhachair, ro thioram mar as trice ro gharbh do bhoiteagan agus a' àbhaist ùirean làn crèadha a bhith gann de bhiadh agus de ogsaidean, airson na boiteagan a bhith beò. 'S feàrr le boiteagan talamh donn seach ùir sam bith eile.



Supported by The National Lottery through the Heritage Lottery Fund

Leis an t-Scoil Chranncur Nàiseanta Iomairt na Gàidhealtachd a' Chruinn

HIE

Iomairt na Gàidhealtachd a' Chruinn

Dè tha anns na h-ùirean againn?

Tha ùir deatamach do bheatha. Ann an ùir mhath tha biadh agus uisge glan, ùr a bheir fàs air lusan. Bidh fàs-bheairtean beò ann an ùir a' briseadh sìos stuth organaig agus mhènnearan gus beathachadh airson fàs agus leasachadh lusan a leigeil mu sgaoil.

Ann an ùir nach eil air a manaidseadh le daoine, bidh stuth organaig ùireach a' tighinn sa mhòr-chuid bho lusan agus fungasan marbh agus bho bheathaichean agus biastagan marbh. Chan urrainn do lusan mènnearan agus eileamaidean riatanach eile ann an stuth organaig a chleachdadh mar a tha iad, agus mar sin feumar an atharrachadh gu riocdh as urrainn dhaibh a chleachdadh.

Tha nithean bith-eòlasach ann an ùir a tha cho beag 's gum feum thu maicreasgop làidir gus am faicinn; bidh iad a' tòiseachadh pròiseas a' ghrodaidh a leigeas beathachadh mu sgaoil ann an 'co-thàthaidhean carbon organaig', a bhios lusan an uair sin ag atharrachadh gu biadh. Bidh creatairean nas mothà a' cuideachadh gus stuth organaig a bhriseadh sios barrachd, ach bidh an seòrsa de fhàs-bheairtean a tha anns an ùir an crochadh air an t-seòrsa de stuth organaig a th' ann agus factaran eile mar teòthachd agus taiseachd.

Bacteria

'S e rudan fior bheag a tha beò ann an ùir a tha ann am bacteria; chan eil stamagan anna mar a tha ann an ainmhidhean agus mar sin bidh iad a' cràmh a' bhìdh taobh a-muigh nam bodhaigean aca. Anns a' phròiseas seo bidh ceimigean air an toirt bhon àile agus bho stuth organaig agus air an leigeil mu sgaoil san ùir; cleachdaidh na lusan iad seo.

Fungasan agus Algae

Tha algae nan lusan; bidh iad a' cleachdadh foto-co-chur gus lùth fhàgħiġi agus bidh iad nan ceallan singilte no ann an sreathan mòra de dh'fhàs-bheirtean. Chan fhàs iad ach ann an àite far a bheil solas gu leòr; mar sin bidh iad aig uachdar ùirean. Bidh iad a' fas air creagan lom agus a' cruthachadh moileciuilean siùcail air a bheil 'polysaccharides'; bidh iad seo a' steigeadh bloighean ùire ri chèile agus tha iad nam biadh do dh'fhàs-bheirtean eile, me bacteria. 'S e fungasan an t-ainm a th' air balgain-buachair. Bidh fungasan ag ath-chuaireachadh beathachadh ann an ùir leis gum bi iad a' briseadh sios mhoileciuilean iomadh-fhillte, a bhiodh fhathast 'glaiste' agus gun fheum gun na fungasan. Bidh fungasan a' gintinn le bhith a' dèanamh spòraichean a tha coltach ri siol, agus is fheàrr leotha àiteachan tais, searbhagach.

Protozoa

Tha protozoa nam meanbh-fhàs-bheirtean anns a bheil aon chealla - 's iad na h-ainmhidhean as lugha a th' ann. Bidh iad mar as trice anns a' chiad 15-20cm den ùir. Bidh iad ag ithe bacteria agus fhungasan; mar sin tha iad cudromach ann a bhith a' cuairteachadh beathachadh a tha bacteria agus fungasan a' faighinn an toiseach bho stuth organaig ùireach. Tha ròineagan beaga air protozoa air a bheil 'cilia'. Tha na ròineagan seo a' leigeil le protozoa snàmh tro uisge 's iad a' lorg bhacteria a dh'itheas iad.

Nematodes agus Enchytraeids

'S e durragan-cruinn mu 1mm a dh'fhaid a th' ann an nematodes; bidh iad a' snàmh tron ùir ag ithe stuth organaig, bhacteria, fhungasan agus algae. Le bhith ag ithe fhungasan agus algae bidh iad a' leigeil mu sgaoil beathachadh a tha glaiste anna.

Tha enchytraeids cuideachd nam boiteagan ach faodaidh iad a bhith a dhà no trì ceudameatairean a dh'fhaid. Bidh iad beò air stuth organaig agus sgaoilidh iad spòraichean fhungasan agus bhacteria tron ùir. Tha e aithnichte gun urrainn dhaibh atharrachadh a thoirt air àrainneachdan ùire, mar ùirean searbhagach agus mònach, agus mar sin tha iad cudromach ann a bhith ag ath-chuaireachadh beathachadh anns an eag-shiostam aig iomadach ùir.

TOG 'TAIGH' BHOITEAGAN



1 Geàrr am mullach far botal plastaig (3 no 5 liotair).

4 Cuir ann mu 20mm de phàipear-naidheachd fliuch air a shracadh (ath-chuaireachadh a-rithist).

7 Cuir na boiteagan dhan dachaigh ùir aca.

2 Dèan tuill sa bhonn son deagh dhrèanadh (cha toigh le boiteagan ùir làn uisge).

3 Cuir 30mm de ghrinneal no gainmheach air a' bhonn (cuidichidh seo le drèanadh).

5 Air muin seo cuir 100mm de stuth-mathachaidh.

8 Cuir mogal foighne air a' mhullach le bann-lastaig agus cuir air sàsar e gus an t-uisge a ghlacadh.

MU DHEIREADH:

Cùm san dorchedas e agus thoir leatas dhaibh mar bhiadh, agus coimhead orra ag ath-chuaireachadh.